

A decorative graphic featuring a blue spiral in the upper left corner. A thick, gold-colored ribbon-like shape curves across the page, starting from the bottom left, crossing itself, and ending in a small blue spiral in the upper right. The text is positioned within the upper loop of this shape.

**Stiùireadh air Deasachadh
Phlanaichean Gàidhlig**

Clàr-innse

Facal-toisich le Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig	3
Earrann 1 :: Ro-ràdh	4
Earrann 2 :: Fiosan-plana reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig	8
Earrann 3 :: Ag ullachadh gus Plana Gàidhlig a dheasachadh	10
Earrann 4 :: Dleastanasan reachdail ann an ullachadh Plana Gàidhlig ...	12
Earrann 5 :: A' cur structar air Plana Gàidhlig	16
Earrann 6 :: Bun-dhleastanasan Plana Gàidhlig	18
Earrann 7 :: A' cuideachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh	32
Earrann 8 :: A' cur Plana Gàidhlig gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta	38
Earrann 9 :: Dearcnachadh agus ath-bhreithneachadh reachdail air Plana Gàidhlig	40
LEAS-PHÀIPEAR :: Ath-thagradh an aghaidh fios-plana reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig	42

Facal-toisich le Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig



Tha mi toilichte a bhith a' toirt thugaibh an stiùireadh oifigeil seo mu ullachadh Phlanaichean Gàidhlig. Fo chumhachan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, 's ann air Bòrd na Gàidhlig a tha an t-uallach airson comharrachadh cò na buidhnean poblach a dheasaicheas planaichean. Tha na buidhnean sin riatanach do bheatha phoblach na h-Alba, agus tha prìomh àite aca ann an leasachadh na Gàidhlig.

Chithear na miannan aig *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* ann am Planaichean Gàidhlig, agus bheir iad cothrom nas trice do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig air cuid de sheirbheisean poblach anns a' chànan aca fhèin. Thathar a' sùileachadh cuideachd gum bi ùghdarrasan a tha a' deasachadh planaichean a' brosnachadh daoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a' dèiligeadh riutha, agus gum bi iad a' leudachadh seirbheisean agus stòrais Ghàidhlig a' bhuidhinn aca.

Tro thìde dh'fhaodadh gum bi barrachd chothroman air conaltradh anns a' Ghàidhlig, barrachd sheirbheisean tron Ghàidhlig, agus adhartachadh air a' chànan a tha nas fhollaisiche, mar air soidhnichean. Tha Bòrd na Gàidhlig a' faicinn cuideachd gu bheil buannachdan mòra turasachd agus gnìomhachais bho Ghàidhlig a' nochdadh air soidhnichean.

Tha e cudromach daingneachadh nach eil Planaichean Gàidhlig mu rud sam bith a sparradh air duine sam bith. Gu dearbh, 's ann a tha iad mu fheuman luchd-cleachdaidh le Gàidhlig a fhrithealadh agus pàirt a ghabhail ann am fear de chànanan nàiseanta na h-Alba a chumail suas agus a leasachadh. Tha seo mu chuideachadh agus chan ann mu cho-èigneachadh. 'S ann a tha e mu dheidhinn cruthachadh chothroman do luchd-labhairt na Gàidhlig, agus do dhaoine le ùidh ann an Gàidhlig, an cànan a chleachdadh anns a h-uile suidheachadh a ghabhas.

Tha Bòrd na Gàidhlig air ùghdarrasan poblach a chomharrachadh air am bi e ag amas gu foirmeil eadar 2006 agus 2009, gan taghadh a rèir na buaidhe a dh'fhaodadh na buidhnean sin a thoirt air spionnadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd agus san dachaigh; foghlam aig a h-uile h-ìre; agus beatha choimhearsnachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Ach tha fios againn gu bheil mòran bhuidhnean eile, poblach agus prìobhaideach, air tòiseachadh air obair air am Planaichean fhèin, air taobh a-muigh pròiseas foirmeil a' Bhùird ach a' cleachdadh a' phàipeir stiùiridh seo mar themplaid airson adhartachadh na Gàidhlig. Tha seo na thoileachas dhuinn agus a' sealltainn na h-ùidhe agus na taice a tha aig a' Ghàidhlig air feadh Alba. Tha am Bòrd a' cur fàilte air dealas agus seasmhachd mar seo, agus bheir e gach taic 's as urrainn do na buidhnean sin.

Ged as e pàipear foirmeil a tha anns an stiùireadh seo, a tha a' treòrachadh buidhnean poblach mun dòigh as fheàrr air Planaichean Gàidhlig a dheasachadh, saoilidh mi gum bi e glè inntinneach do dhuine sam bith a leughas e oir tha e a' sealltainn an adhartais a chaidh a dhèanamh ann am foirmealachadh agus leasachadh na Gàidhlig agus an inbhe a tha aice a-nis sa bheatha phoblach air feadh Alba. Tha mi an dòchas gum bi an stiùireadh seo fìor fheumail dhuibh ann an deasachadh Phlanaichean Gàidhlig – tha e na iùl airson turas fìor shònraichte agus cudromach.

Mata M. MacIomhair

Mata M MacIomhair
Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig, 2007

Earrann 1 :: Ro-ràdh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 – Bòrd na Gàidhlig

Bha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (“Achd 2005”) air a cur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri daingneachadh inbhe na Gàidhlig ann an Alba. Tha trì prìomh nithean a tha ceangailte ri chèile ann an Achd 2005:

- ❖ stèidheachadh buidheann reachdail Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig (“am Bòrd”), gus cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus cuideachadh le cothrom air a' Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig, le sùil aig a' cheann thall ri obair a dh'ionnsaigh meudachadh air an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig agus leudachadh air cleachdadh a' chànain gu làitheil
- ❖ iarraidh air a' Bhòrd *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a dheasachadh a dh'adhartaicheas cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig
- ❖ toirt cumhachd don Bhòrd fios-plana reachdail a thoirt do dh'ùghdarras poblach sam bith ann an Alba no ùghdarras poblach tar-chrìochail sam bith no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, ag iarraidh air an ùghdarras sin Plana Gàidhlig a dheasachadh a' nochdadh mar a chleachdas e Gàidhlig agus mar a bheir e cothrom a cleachdadh taobh a-staigh gach raon dleistanais

Adhbhar an stiùiridh seo

Chaidh an stiùireadh seo a dheasachadh leis a' Bhòrd fo earrann 8 de dh'Achd 2005 agus aontachadh le Ministearan na h-Alba. Tha an stiùireadh a' toirt comhairle phractaigeach do dh'ùghdarrasan poblach mu leasachadh am Planaichean Gàidhlig. Feumaidh ùghdarrasan poblach a fhuair fios-plana bhon Bhòrd aire a thoirt don stiùireadh seo a rèir earrann 3(5)(a) de dh'Achd 2005.

Tha an stiùireadh a' nochdadh nan ceumannan a tha am Bòrd den bheachd a bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach a leantainn ann an deasachadh am Planaichean Gàidhlig. Tha e ag ainmeachadh raointean de libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig, de mhodhan-obrach agus de leasachadh poileasaidh a bu chòir dhaibh smaoinichadh air cur anns na planaichean aca. Tha e cuideachd a' comharrachadh ciamar a bu chòir dhaibh feuchainn ri na prìomhachasan airson leasachadh Gàidhlig a tha air an cur an cèill ann am *Plana Nàiseanta* na Gàidhlig a choileanadh.*

Gnìomhachadh sùbailte

Chaidh Achd 2005 a dhealbh gus feart a thoirt don fheum air dòigh shùbailte air Gàidhlig a leasachadh ann an Alba. Chaidh an stiùireadh seo a dhealbh anns an spiorad sin, agus bheir e cothrom air Planaichean Gàidhlig a dheasachadh a tha reusanta agus cothromach a rèir suidheachaidhean nan diofar ùghdarrasan poblach. 'S e sealladh fad-ùine a' Bhùird gum bi fìor mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan poblach ann an Alba nam pàirt de fhrèam nàiseanta planadh cànan a' toirt taic do leasachadh na Gàidhlig, agus gum bi an ìre de sholar Gàidhlig a tha air a tabhann le na h-ùghdarrasan poblach sin a' meudachadh mean air mhean thar ùine.

* Fhuair a' chiad *Phlana Nàiseanta na Gàidhlig* aonta Ministearan na h-Alba agus chaidh fhoillseachadh leis a' Bhòrd air 26 Màrt 2007. Tha e ri fhaotainn bho www.bord-na-gaidhlig.org.uk

Planaichean Gàidhlig

Tha àite deatamach aig an t-saoghal phoblach ann an dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig beò san àm ri teachd ann an Alba. Tha cruthachadh de shuidheachaidhean airson Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblach deatamach ann a bhith a' meudachadh inbhe a' chànain, agus le sin a cleachdadh agus a togail. Bu chòir don a h-uile h-ùghdarras poblach planadh ciamar a nì iad coluadar ris an t-sluagh ann an Gàidhlig.

'S urrainn do dh'ùghdarrasan poblach làthaireachd na Gàidhlig àrdachadh le bhith a' cruthachadh cothroman practaigeach airson a cleachdadh. Bu chòir Planaichean Gàidhlig a bhith feumail do dhaoine a dh'fhaodadh iarraidh a' Ghàidhlig a chleachdadh ann a bhith a' dèiligeadh ris a' bhuidheann phoblach. Bu chòir dhaibh a bhith feumail cuideachd do luchd-obrach an ùghdarrais phoblaich a dh'fhaodadh a bhith airson a' Ghàidhlig a chleachdadh san obair aca taobh a-staigh a' bhuidhinn.

Le bhith a' dèanamh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig ann an solar sheirbheisean agus ann an obair taobh a-staigh an ùghdarrais, meudaichidh Planaichean Gàidhlig làthaireachd agus faicsinneachd a' chànain, a' cur ri àrdachadh a h-inbhe. Cuiridh seo ri mothachadh am measg luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu bheil ùghdarrasan poblach, agus an saoghal farsaing anns a bheil iad beò, a' cur meas air a' chànain aca. Gus cuideachadh solar Gàidhlig a libhrigeadh, thèid sgilean Gàidhlig a mheas mar sgilean feumail ann am farsaingeachd de dh'obraichean a tha a' dol am meud.

Cuiridh seo gu mòr ri beachdan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig air dè cho feumail 's a tha an cànan aca, agus bheir e fìor bhrosnachadh do thuilleadh agus tuilleadh de luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan aca a thoirt seachad, do dhaoine aig nach eil Gàidhlig a h-ionnsachadh, agus don a h-uile pàrant, le Gàidhlig agus gun Ghàidhlig, an cuid chloinne a chur tro fhoghlam tron Ghàidhlig.

Taic fhor-ghnìomhach do leasachadh na Gàidhlig

Ann an *Phlana Nàiseanta*, tha am Bòrd a' dèanamh soilleir gu bheil àite cudromach aig a h-uile buidheann ann an Alba ann an dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig ga cumail beò agus gum bu chòir dhaibh beachdachadh air dè as urrainn dhaibh dèanamh gus taic a thoirt don chànan. Ged a tha am pàipear stiùiridh seo ag amas nas motha air na h-ùghdarrasan a fhuair fios-plana reachdail airson Plana Gàidhlig a dheasachadh, tha am Bòrd airson gum bi e ga chleachdadh le buidheann sam bith dom bi e iomchaidh.

A thaobh ùghdarrasan poblach nach d' fhuair fios-plana bhon Bhòrd fhathast, dh'iarradh sinn air a h-uile gin de na buidhnean sin poileasaidhean no planaichean Gàidhlig a dheasachadh a' cleachdadh an stiùiridh seo mar bhunait. Bidh an solar sin na chuideachadh mus tòisichear a' leasachadh Plana Gàidhlig foirmeil. Bidh pròiseas reachdail fhathast ro ùghdarrasan poblach a tha air poileasaidhean no planaichean a dheasachadh nuair a thig fios-plana bhon Bhòrd fo chumhachan Achd 2005.

Chan eil ùghdarras aig a' Bhòrd fiosan-plana a thoirt do bhuidhnean prìobhaideach, buidhnean saor-thoileach, no buidhnean poblach a tha ag obair ann an Alba ach nach eil nan ùghdarrasan poblach Albannach no ùghdarrasan poblach tar-chrìochail. Ach tha am Bòrd a' tuigsinn gun urrainn do chompanaidhean san t-saoghal prìobhaideach (mar bhancaichean, buidhnean còmhdhail rathaid, rèile agus adhair, companaidhean fòn agus tele-chonaltraidh), buidhnean san t-saoghal shaor-thoileach (mar eaglaisean agus buidhnean carthannais), agus roinnean ann an Riaghaltas Bhreatainn cur gu mòr ri leasachadh na Gàidhlig. Bhiodh sinn gu làidir airson gun deasaicheadh na buidhnean sin gu saor-thoileach poileasaidhean no planaichean Gàidhlig no iomairtean sònraichte airson leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig. Tha am pàipear stiùiridh seo a' toirt sàr bhunait airson seo a dhèanamh, agus bhiodh sinn airson gun dèanadh buidhnean feum dheth. Bheir am Bòrd cuideachadh agus comhairle air leudachadh ann an solar Gàidhlig do bhuidheann sam bith a dh'iarras e.

Earrann 2 ::

Fiosan-plana reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig

Tha an earrann seo a' mìneachadh ciamar a cho-dhùineas Bòrd na Gàidhlig dè na h-ùghdarrasan poblach a gheibh fios-plana bhuaithe.

Tha earrann 3 de dh'Achd 2005 a' toirt ùghdarras don Bhòrd fios-plana reachdail a thoirt do dh'ùghdarras poblach buntainneach sam bith, ag iarraidh air Plana Gàidhlig ullachadh. Bidh am fios-plana ann an cruth litreach foirmeil air a cur leis a' Bhòrd gu Ceannard no a leithid aig an ùghdarras phoblach. Tha earrann 3(2) de dh'Achd 2005 ag ainmeachadh gum feum am fios-plana:

- ❖ dèanamh soilleir gum feum an t-ùghdarras plana Gàidhlig ullachadh
- ❖ ceann-latha ainmeachadh air am feum am plana a bhith a-staigh aig a' Bhòrd airson aonta, a' toirt sia mìosan aig a' char as lugha don ùghdarras phoblach airson am plana ullachadh
- ❖ innse don ùghdarras mu chòraichean air ath-bhreithneachadh iarraidh no ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh an fhios-phlana (tha tuilleadh fiosrachaidh mun seo anns an Leas-phàipear)

Slatan-tomhais reachdail

Ann an co-dhùnadh dè na h-ùghdarrasan poblach a gheibh fios-plana bhuaithe, tha slatan-tomhais reachdail sònraichte ann ris am feum am Bòrd coimhead. Cuidichidh na slatan-tomhais sin, a tha ann an earrann 3(3) de dh'Achd 2005, am Bòrd gus ùghdarrasan a chur ann an òrdugh prìomhachais gus fios-plana a thoirt dhaibh. Beachdaichidh am Bòrd air an ìre gum b' urrainn don ùghdarras cur ri gnìomhachadh raointean prìomhachais a' *Phlana Nàiseanta*, an ìre gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh le daoine ann an sgìre obrach an ùghdarras phoblach, mar a dh'fhaodadh an t-ùghdarras poblach cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh, agus tagraidhean sam bith a fhuair an t-ùghdarras an co-cheangal ri seirbheisean Gàidhlig. Faodaidh na slatan-tomhais a tha air am mìneachadh gu h-ìosal a bhith nan cuideachadh do dh'ùghdarrasan poblach leis a' cheist cuin a dh'fhaodas iad sùileachadh fios-plana fhaighinn gus Plana Gàidhlig a dheasachadh. Bidh am Bòrd toilichte tuairmse a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach air cuin a dh'fhaodas iad sùileachadh fios-plana fhaighinn.

(i) **Plana Nàiseanta na Gàidhlig – earrann 3(3)(a)**

Fo Achd 2005, feumaidh am Bòrd aire a thoirt don *Phlana Nàiseanta* as ùire a fhuair aonta bho Mhinistearan na h-Alba fo earrann 2 de dh'Achd 2005. Tha seo a' ciallachadh gum bi am Bòrd a' coimhead ris an àireamh de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ann an sgìre obrach an ùghdarras, ach cuideachd ri comas gach ùghdarras poblach air na prìomhachasan leasachaidh anns a' *Phlana Nàiseanta* a lìbhrigeadh. Bha a' chiad *Phlana Nàiseanta* air aontachadh le Ministearan na h-Alba agus air fhoillseachadh leis a' Bhòrd air 26 Màrt 2007. Tha am *Plana Nàiseanta* ri fhaotainn air làrach-lìn a' Bhùird no faodar iarraidh ann an clò.

(ii) **An ìre gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh agus mar a dh'fhaodadh ùghdarras poblach cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh – earrannan 3(3)(b)(i) agus (ii)**

Fo Achd 2005, feumaidh am Bòrd coimhead cuideachd ris an ìre a tha Gàidhlig ga cleachdadh le daoine dom bi am buidheann poblach a' cur a dhleastanasan an gnìomh agus na tha air chomas don ùghdarras phoblach cur ri cleachdadh na Gàidhlig. A thaobh seo, feuchaidh am Bòrd ri tuairmse a thoirt air an iarrtas a tha air chomas airson cleachdadh na Gàidhlig an co-cheangal ri dleastanasan a' bhuidhinn sin.

Leis gur e glè bheag de dh'ùghdarrasan poblach a tha a' tabhann seirbheisean sam bith tron Ghàidhlig an-dràsta, cha ghabh tomhas a dhèanamh air an iarrtas aig an àm seo. Mar sin feuchaidh sinn ri tuairmse a dhèanamh air an iarrtas a tha air chomas le bhith a' coimhead ri comharran freagarrach air am bheil fiosrachadh cinnteach againn. Mar eisimpleir, seallaidh sinn ri rudan mar an àireamh de dhaoine le sgilean Gàidhlig a tha a' fuireach anns an sgìre sa bheil an t-ùghdarras poblach a' coileanadh a dhleastanasan, a rèir a' chunntas-sluaigh as ùire.

An co-cheangal ri seo, bheir am Bòrd aire do na tha air chomas don ùghdarras phoblach Gàidhlig a chleachdadh ann an coileanadh a dhleastanasan. Thug sinn iomradh mar-thà gur e beagan ùghdarrasan poblach a tha a' tabhann seirbheisean tron Ghàidhlig aig an àm seo. Ach saoilidh sinn gum bi leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig nas fhasa do dh'ùghdarras poblach a tha a' cleachdadh beagan Gàidhlig cheana ann an coileanadh a

dhleastanasan, agus/no aig a bheil poileasaidh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig, na bhios e do dh'ùghdarras poblach nach robh a' cleachdadh na Gàidhlig. Beachdaichidh sinn cuideachd air an àireamh de dhaoine le sgilean Gàidhlig a tha a' fuireach anns an sgìre ga frithealadh leis an ùghdarras phoblach, air an dùmhachadh de dhaoine aig a bheil sgilean Gàidhlig an taca ri solar de sheirbheisean an ùghdarras phoblaich don phoball, agus air an àireamh sa cheud a tha sna daoine sin de shluagh na sgìre a tha gam frithealadh leis an ùghdarras phoblach.

Ann an co-dhùnadh dè na h-ùghdarrasan poblach a gheibh fios-plana, cuiridh am Bòrd tòrr cudrum air na h-ùghdarrasan poblach a tha a' frithealadh àireamh car mòr de dhaoine aig a bheil sgilean Gàidhlig. Beachdaichidh sinn cuideachd air làthaireachd an ùghdarras phoblaich sin ann an diofar choimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba, agus am measg dhaoine le sgilean Gàidhlig san fharsaingeachd.

San fharsaingeachd, mar as motha na h-àireamhan agus na buidhnean, agus mar as àirde an àireamh sa cheud de dhaoine le sgilean Gàidhlig, 's ann as motha a tha comas an ùghdarras phoblaich air cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh, agus 's ann as dòcha gun iarr am Bòrd air an ùghdarras phoblach sin Plana Gàidhlig ullachadh. Sa chumantas, bu chòir don chuid as motha de dh'ùghdarrasan poblach nàiseanta sùileachadh gum bi iad air a' chiad fheadhainn a gheibh fios-plana bhon Bhòrd.

Sa ghiorrhad, bidh am Bòrd a' cur cudrom an toiseach air na sgìrean anns a bheilear a' cleachdadh Gàidhlig gu làitheil gu cumanta, agus ged as dòcha nach bi an comas airson leasachadh sna sgìrean sin cho mòr, faodar sùileachadh gum bi fios-plana ga thoirt dhaibh gu tràth. 'S e an fheallsanachd gum bi cleachdadh làitheil a' chànain ga chumail suas agus nach tig crìonadh oirre. Beachdaichidh am Bòrd cuideachd air fiosan-plana a thoirt san aithghearrachd do na buidhnean sin far a bheilear a' sùileachadh comas air fàs brìoghmhor a choileanadh. San t-suidheachadh seo, 's dòcha gur e buidheann car beag de dhaoine aig am bi sgilean Gàidhlig.

(iii) **Stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba – earrann 3(3)(d)**

Tha Ministearan na h-Alba gun stiùireadh a chur a-mach mun chùis seo fo Achd 2005.

Earrann 3 ::

Ag ullachadh gus Plana Gàidhlig a dheasachadh

Tha an earrann seo a' comharrachadh cùisean air am bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach beachdachadh mus tòisich iad a' cruthachadh a' Phlana Ghàidhlig aca.

A' sireadh comhairle agus cuideachadh air Bòrd na Gàidhlig

Feumaidh am Bòrd taic agus comhairle a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach ann an ullachadh am Planaichean Gàidhlig, a thuilleadh air na tha anns an stiùireadh seo, agus tha e glè dheònach sin a dhèanamh. 'S urrainn don Bhòrd cuideachd fiosrachadh a thoirt mu àireamhan agus seòrsachan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ann an sgìrean a tha air am frithealadh le ùghdarrasan poblach. Bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach am fiosrachadh seo a chleachdadh ann an ullachadh am planaichean, oir bidh am Bòrd ga chleachdadh ann am beachdachadh air plana a thèid a chur a-steach airson aonta.

Far an gabh a dhèanamh, tha sinn airson gum bi co-obrachadh eadar ùghdarrasan poblach a tha a' coileanadh dleastanasan den aon seòrsa. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach buidhnean mar ùghdarrasan ionadail no urrasan cùram slàinte. Faodar sùileachadh gun coinnich na h-ùghdarrasan poblach sin ri mòran den aon seòrsa dhùbhlain ann an toirt seirbheisean don phoball ann an Gàidhlig agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an obair air taobh a-staigh a' bhuidhinn. Leanaidh co-obrachadh gu iomlaid de dh'fhiosrachadh feumail agus de shàr mhodhan, agus gu comharrachadh chaomhnaidhean meudachd, leithid co-ullachadh fhoirmean, leabhraichean agus bileagan fiosrachaidh, sgeamaichean trèanaidh, msaa.

Tha am Bòrd cuideachd a' brosnachadh co-obrachadh eadar gach ùghdarras poblach anns an aon sgìre no a' frithealadh an aon seòrsa earrainn den t-sluagh. Tha sinn den bheachd gun toir co-obrachadh ionadail le diofar ùghdarrasan poblach buaidh mhòr air cleachdadh na Gàidhlig ann an ceàrnaidh. Bidh am Bòrd airson cothroman airson co-obrachadh a chomharrachadh, agus airson ceanglaichean eadar ùghdarrasan poblach a tha a' deasachadh Planaichean Gàidhlig a bhrosnachadh. Bheir am Bòrd sùil air cothroman co-obrachaidh mar seo ann am measadh air comas fàis don chànan. 'S dòcha nach bi mòran cothruim aig aon bhuidheann ag obair na aonar ri cur ri fàs, ach dh'fhaodadh gum bi barrachd

comais aig dà bhuidheann san aon sgìre ag obair còmhla. Anns an t-suidheachadh sin, bu chòir gum faigheadh gach buidheann fios-plana aig an aon àm, no glè fhaisg air a chèile.

Buidheann Obrach Plana Gàidhlig

Tha am Bòrd a' moladh gur dòcha gum biodh e feumail ann an cuid de shuidheachaidhean nam beachdaicheadh an t-ùghdarras poblach air Buidheann Obrach Plana Gàidhlig a stèidheachadh le uallach airson Plana Gàidhlig an ùghdarras ullachadh agus cur an gnìomh a' phlana a cho-òrdanachadh. Dh'fhaodadh àrd-oifigearan bho gach prìomh roinn no earrann anns an ùghdarras phoblach a bhith nam buill den bhuidheann obrach seo.

In-sgrùdadh air comas cànanain

Tha am Bòrd a' moladh cuideachd gun dèan ùghdarrasan poblach in-sgrùdadh gus faighinn a-mach dè an comas a tha aca air seirbheisean a libhrigeadh don phoball agus gus cuideachadh am plana aca a chur an gnìomh. Tha sinn den bheachd gu bheil sgrùdadh mar sin feumail gus am faigh an t-ùghdarras poblach air tighinn gu co-dhùnadh mu na ceumannan a dh'fheumas e gabhail airson comas fhaighinn air a phlana a libhrigeadh.

Tha sinn airson daingneachadh gur e leudachadh air solar Gàidhlig an t-adhbhar airson Plana Gàidhlig a dheasachadh, agus bithear a' sùileachadh gun seall gach ùghdarras poblach an ìre meudachaidh a nì iad air solar agus seirbheisean a bharrachd air an ìre a tha iad a' tabhann aig an àm seo. Tha am Bòrd a' tuigsinn nach tig atharrachaidhean air an ìre de sholar Gàidhlig ann an Alba sa bhad, agus ann am mòran chùisean, iarraidh an t-ùghdarras poblach ùine airson an t-ullachadh iomchaidh a dhèanamh gus barrachd solar Gàidhlig a libhrigeadh.

Tha am Bòrd deònach comhairle a thoirt mun dòigh anns an dèan ùghdarras in-sgrùdadh, agus thathar a' moladh gun tèid beachdachadh air na cùisean a leanas gu sònraichte:

- ❖ a bheil poileasaidh Gàidhlig aig an ùghdarras phoblach cheana, agus ma tha, dè cho farsaing 's a tha e agus ciamar a tha e ga chur an gnìomh
- ❖ làthaireachd chànanach an ùghdarras, a' gabhail a-steach àireamhan de luchd-obrach

agus oifigearan le comas air bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh agus tuigsinn na Gàidhlig, agus an ìre de sgilean cànanain a tha aca

- ❖ na seirbheisean a tha aca cheana, no an obair air taobh a-staigh a' bhuidhinn a tha iad a' dèanamh, tron Ghàidhlig
- ❖ cruthachadh clàir den a h-uile foillseachadh Gàidhlig agus dà-chànanach a tha aige mar fhoirmean, aithisgean, bileagan, soidhnichean a-staigh agus a-muigh, cinn-litreach, agus comas eadar-theangachadh labhairt agus sgrìobhaidh

Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig

Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh an ìre de sholar Ghàidhlig a bhios iad a' tabhann a leudachadh, tha Ministearan na h-Alba air Maoin chuingealaichte Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig, an-dràsta aig £1.4 millean sa mhillean gu h-iomlan. Fhad 's a bhios cothrom aig Bòrd na Gàidhlig air an t-sruth mhaoineachaidh seo, bidh cothrom aig ùghdarrasan poblach a gheibh fios-plana tagradh a chur a-steach airson taic bhon mhaoin, a rèir prionnsapalan a' Bhùird airson a cleachdadh. 'S e am prìomh adhbhar a bhios am maoineachadh ga thoirt seachad gum bi e ga chur an seilbh ann an solar ùr Gàidhlig, le dleastanas air ùghdarrasan poblach gum bi cosgaisean leasachadh na Gàidhlig air an gnàthachadh.

'S dòcha gun tig cosgaisean sònraichte air ùghdarrasan poblach an lùib togail comais, agus sa chumantas 's iad sin cosgaisean den t-seòrsa a gheibh taic bhon mhaoin. 'S iad cuid de dh'eisimpleirean, teamplaidean de dh'fhoirmean agus stuthan mìneachaidh nan cois, teamplaidean de phàipearachd dhà-chànanach agus Ghàidhlig, soidhnichean, dreach charbadan agus comharran eile don phoball, cur ri chèile làraich-lìn dhà-chànanach agus duilleagan-lìn dà-chànanach agus Gàidhlig, agus goireasan eadar-theangachadh labhairt agus sgrìobhaidh. Sa chumantas cha bhi taic ri faotainn fon mhaoin airson cosgaisean luchd-obrach co-cheangailte ri solar sheirbheisean. Foillsichidh am Bòrd poileasaidh mu chleachdadh Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig.

Earrann 4 ::

Dleastanasan reachdail ann an ullachadh Plana Gàidhlig

Tha an earrann seo a' mìneachadh nan dleastanasan a tha Achd 2005 a' cur air ùghdarrasan poblach a fhuair fios-plana bhon Bhòrd, agus ciamar a bu chòir do na buidhnean sin feuchainn ri na dleastanasan sin a choileanadh.

Tha earrann 3(5) de dh'Achd 2005 ag ainmeachadh, a thuilleadh air an stiùireadh seo agus stiùireadh sam bith bho Mhinistearan na h-Alba, gum feum ùghdarras poblach aire a thoirt do ghrunn shlatan-tomhais reachdail ann an ullachadh a Phlana Gàidhlig. Seo na h-aon slatan-tomhais ris an fheadhainn ann an earrann 2 den stiùireadh seo, ach chan eil iad an seo airson an aon adhbhair agus bu chòir coimhead riutha a-rithist anns a' cho-theacs seo.

(i) **Plana Nàiseanta na Gàidhlig – earrann 3(5)(a)**

Tha am *Plana Nàiseanta* a' comharrachadh mòran ghnìomhan anns an dachaigh, a' choimhearsnachd, an àite-obrach, a' bheatha phoblach agus saoghal an fhoghlaim, a tha deatamach gus dèanamh cinnteach gum bi dàn buan aig a' Ghàidhlig. Tha am *Plana Nàiseanta* a' dèanamh soilleir gu bheil àite aig a h-uile buidheann poblach buntainneach ann an Alba ann a bhith ga chur an gnìomh.

Feumaidh ùghdarrasan poblach aire a thoirt don *Phlana Nàiseanta* ann an ullachadh am Planaichean Gàidhlig. Mar sin, bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach beachdachadh air dè na ceumannan as urrainn dhaibh gabhail airson nam prìomhachasan leasachaidh iomchaidh air an comharrachadh anns a' *Phlana Nàiseanta* a libhrigeadh, agus sealltainn anns a' Phlana Gàidhlig aca ciamar a chuidicheas iad le bhith gan cur an gnìomh. Tha cunntas ann an earrann 7 den stiùireadh seo air na prìomh chuspairean air am bu chòir ùghdarras poblach beachdachadh.

(ii) **An ìre gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh le daoine anns an sgìre obrach aig ùghdarras poblach agus mar a dh'fhaodadh ùghdarras poblach cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh – earrannan 3(5)(b) agus (c)**

Feumaidh ùghdarrasan poblach aire a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig anns an sgìre obrach aca, agus don chomas air a leudachadh. Tha am Bòrd a' tuigsinn gum bi an dà rud sin glè eadar-dhealaichte a rèir suidheachadh cànanach na sgìre a tha an t-ùghdarras poblach a' frithealadh. Tha sinn den bheachd gum bu chòir don a h-uile h-ùghdarras poblach, a dh'aindeoin an t-suidheachaidh chànanach anns a bheil iad, am Planaichean Gàidhlig ullachadh le sùil ri cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh chun na h-ìre as motha a ghabhas. Tha sinn den bheachd gu bheil comas aig ùghdarrasan poblach air feadh Alba taic a toirt do leasachadh na Gàidhlig air dòigh air choireigin, agus tha sinn a' brosnachadh molaidhean ùr-ghnàthach agus eadar-dhealaichte airson seo a choileanadh.

(iii) **Tagraidhean a rinneadh ris an ùghdarras phoblach – earrann 3(5)(d)**

Feumaidh ùghdarrasan poblach coimhead ri tagraidhean sam bith a fhuair iad an co-cheangal ri cleachdadh na Gàidhlig. Fo earrann 3(6) de dh'Achd 2005, tha e na riathanas do dh'ùghdarrasan poblach comhairle a chur ri daoine a shaoileas iad gu bheil ùidh aca ann an deasachadh a' Phlana Ghàidhlig aca. Gus cumail ri na riathanasan reachdail sin tha am Bòrd a' moladh gun cùm ùghdarrasan poblach co-chomhairle phoblach. Thathas a' tuigsinn gum bi a dhòigh obrach fhèin aig gach ùghdarras airson co-chomhairle phoblach a chumail. Bhiodh am Bòrd toilichte comhairle a bharrachd a thoirt do dh'ùghdarrasan mu cho-chomhairle air a' Phlana Ghàidhlig aca, agus tha iad a' moladh gun tèid beachdachadh air na ro-innleachdan a leanas agus an cur an gnìomh nuair a bhios iad iomchaidh agus a' freagairt air an t-suidheachadh:

- ❖ ùine cho-chomhairleachaidh mu 6-12 seachdain gus dèanamh cinnteach gum bi ùine agus cothrom gu leòr aig daoine airson am beachdan a dhèanamh aithnichte

- ❖ dreachd dhà-chànanach den phlana air a foillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla le lethbhric ann an clò rim faotainn. Bu chòir gum biodh lethbhreac eileagtronaigeach ann an àite follaiseach air làrach-lìn an ùghdarrais
- ❖ fios-naidheachd dà-chànanach ag ainmeachadh toiseach a' phròiseis cho-chomhairleachaidh, ga thoirt gu aire nam meadhanan iomchaidh gu lèir. Bu chòir don ùghdarras phoblach feuchainn gum bi neach-labhairt Gàidhlig ann airson agallamhan le na meadhanan Gàidhlig
- ❖ modhan eile airson beachdan an t-sluaigh fhaighinn, leithid stèiseanan ionadail rèidio, lethbhric den dreachd phlana sna h-oifisean ionadail aca, ann an leabharlannan agus ionadan slàinte, sgaoileadh bhileagan, cleachdadh bhùird fiosrachaidh, agus dòighean conaltraidh eileagtronaigeach. 'S e dòigh air leth èifeachdach air làthaireachd na co-chomhairle àrdachadh a bhith a' cur iar-abairt dhà-chànanach ann am puist-dealain bho luchd-obrach agus oifigearan a' bhuidhinn phoblaich, ag innse don luchd-leughaidh gu bheil an dreachd phlana ann
- ❖ prògram de choinneamhan poblach, air an sanasachd fad agus farsaing, agus na toraidhean air an clàradh

Bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach aithisg ullachadh mun cho-chomhairleachadh aca, le geàrr-chunntas ga thoirt air na toraidhean, na prìomh chuspairean a chaidh a thogail, agus na beachdan a fhuaradh aig coinneamhan poblach agus coinneamhan luchd-obrach. Bu chòir cunntas a bhith san aithisg cuideachd air atharrachaidhean sam bith a rinn an t-ùghdarras poblach ris an dreachd phlana aige mar thoradh air a' cho-chomhairle. Bu chòir don ùghdarras lethbhreac den aithisg seo a thoirt don Bhòrd nuair a bhios e a' cur a' Phlana Ghàidhlig a-steach airson aonta. Bidh seo na chuideachadh leis a' Bhòrd co-dhùnadh co-dhiù aonta a chur ris a' phlana a chaidh a chur a-steach no atharrachaidhean a mholadh ris. Tha dleastanas reachdail air a' Bhòrd anns a' phròiseas aontachaidh beachdachadh air tagraidhean a rinneadh ris an ùghdarras poblach ann an ullachadh a Phlana Ghàidhlig.

Spèis cho-ionann

Fo Achd 2005, feumaidh am Bòrd a dhleastanas a choileanadh ann an dòigh a dhaingnicheas inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' dleasadh spèis cho-ionann ris a' Bheurla. Ann an ullachadh an stiùiridh seo, fo Achd 2005 feumaidh am Bòrd àite a thoirt do phrionnsapal na spèise co-ionainn, agus tha am Bòrd a' sùileachadh cuideachd gun seall ùghdarrasan anns na planaichean aca ciamar a bhios iad a' coileanadh agus a' cumail ris a' phrionnsapal.

Bha prionnsapal na spèise co-ionainn air a ghabhail a-steach ann an Achd 2005 leis a' Phàrlamaid mar theachdaireachd fiughaireach gu bheilear a' cur meas air a' Ghàidhlig, a' toirt feart air a' mhiann aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig an cànan a chleachdadh a-ghnàth nam beatha, air mar bu chòir spiorad bhlàth a bhith ann don Ghàidhlig air feadh Alba, agus air mar nach bu chòir don chànan fulang tro chion spèise bho dhaoine no bho bhuidhnean. Bhathar a' tuigsinn cuideachd gum feumadh am prionnsapal a bhith sùbailte gu leòr gus a bhith mothachail air an eadar-dhealachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig tarsainn Alba agus gus am biodh iomadh seòrsa nì a' toirt buaidh air mar a bhios i ga cleachdadh, mar an àireamh de luchd-cleachdaidh air am frithealadh leis an ùghdarras phoblach, an comas air leudachadh nan seirbheisean tron Ghàidhlig aig an ùghdarras, stiùireadh ga thoirt mu chùisean Gàidhlig fo Achd 2005, agus tagraidhean bho bhuill den phoball.

Le sin, chan eil a bhith a' toirt spèis cho-ionann don Ghàidhlig a' leantainn gu dèiligeadh co-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla, no gum feum ìre shònraichte de sholar Gàidhlig a bhith ri faotainn anns gach suidheachadh. An àite sin, bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach feuchainn, a dh'aindeoin an t-suidheachaidh chànanaich a tha romhpasan, ri bhith cho taiceil agus cho coibhneil 's a ghabhas do leasachadh na Gàidhlig, agus am Planaichean Gàidhlig ullachadh le sùil ri cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh cho furasta 's a ghabhas a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin. Cha bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach dearmad a dhèanamh air leasachadh na Gàidhlig, ach a bhith taiceil agus for-ghnìomhach ann an comharrachadh nan dòighean as freagarraiche anns an urrainn dhaibh cuideachadh làthaireachd a' chànain àrdachadh agus misneachd agus cothrom a thoirt do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gus coluadar riutha tron Ghàidhlig. Bu chòir do dh'ùghdarras poblach cuideachd feuchainn ris an ìre de sholar Gàidhlig a tha iad a' tabhann a leudachadh ri ùine. Nuair a bhios iad a' libhrigeadh seirbheisean ann an Gàidhlig, bu chòir dhaibh feuchainn ri dèanamh cinnteach gum bi an ìre agus càileachd den aon ìre 's a bhiodh iad tron Bheurla.



Earrann 5 ::

A' cur structar air Plana Gàidhlig

Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh do dh'ùghdarrasan poblach air ciamar a bu chòir dhaibh na Planaichean Gàidhlig aca a chur ri chèile.

Tha Plana Gàidhlig na theachdaireachd air dealas an ùghdarras a thaobh na Gàidhlig agus dè dh'fhaodas luchd-cleachdaidh nan seirbheisean aig ùghdarras sònraichte a shùileachadh bhon ùghdarras sin. Mar sin tha e cudromach gum bi dleastanasan soilleir agus gun tuig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig dè tha an t-ùghdarras air aontachadh a dhèanamh gus coinneachadh ri feuman na coimhearsnachd Gàidhlig. Bu chòir deasachadh Phlanaichean Gàidhlig a bhith an ìre mhath air an aon cheum, agus bu chòir na nithean a leanas a bhith ann.

Cinn earrainn

Còmhhdach

bu chòir don chòmhdach sealltainn ainm an ùghdarras phoblaich, gur e an sgrìobhainn Plana Gàidhlig air ullachadh fo earrann 3 de dh'*Achd na Gàidhlig (Alba) 2005* a tha ann, agus an latha air an do chuir Bòrd na Gàidhlig aonta ris.

Achd 2005 agus toirt seachad fios-plana

Bu chòir don earrann tòiseachaidh seo geàrr-chunntas a dhèanamh air Achd 2005, air an adhbhar airson fios-plana a thoirt seachad, agus air cò ris a dh'fheumas ùghdarras coimhead ann a bhith ga ullachadh. Bu chòir aithris cuideachd gum feuch an t-ùghdarras ris a' phrionnsapal a chur an gnìomh gum bu chòir spèis cho-ionann a thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla.

Fiosrachadh mun ùghdarras phoblach

Bu chòir don earrann seo fiosrachadh a thoirt seachad air an ùghdarras phoblach agus a dhleastanasan, a structar rianachd, far a bheil a oifisean, agus an sluagh a tha e a' frithealadh.

Gàidhlig ann an sgìre obrach an ùghdarrais

Bu chòir don earrann seo mìneachadh beachd an ùghdarrais phoblaich air na h-ìrean cleachdaidh agus ùidhe anns a' Ghàidhlig anns an sgìre obrach aige, agus a comas leasachaidh.

Bun-dhleastanasan

Bu chòir don earrann seo, a' togail air earrann 6 den stiùireadh seo, mìneachadh mar a chleachdas an t-ùghdarras poblach Gàidhlig an co-cheangal ri cùisean air taobh a-staigh a' bhuidhinn, mar aithne chorporra, conaltradh, foillseachaidhean agus cùisean luchd-obrach, agus ciamar a bhios Gàidhlig ga cleachdadh ann an gin de na seirbheisean a tha an t-ùghdarras poblach a' libhrigeadh. A rèir earrann 3(4)(b) de dh'Achd 2005, feumaidh an earrann seo clàr-ama a chur an cèill airson na dleastanasan fa leth a chur an gnìomh.

Cuideachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh

Bu chòir don earrann seo, a' togail air earrann 7 den stiùireadh seo, mìneachadh ciamar a chuidicheas an t-ùghdarras na raointean prìomhachais buntainneach leasachaidh air an comharrachadh anns a' *Phlana Nàiseanta* a chur an gnìomh.

Sgrùdadh air cur an gnìomh a' phlana

Bu chòir don earrann seo mìneachadh a dhèanamh air na dòighean obrach a chuireas an t-ùghdarras an sàs airson sùil a chumail air gnìomhachadh a Phlana Gàidhlig, agus air an dòigh anns am bi e ga ùrachadh taobh a-staigh na h-ùine reachdail còig-bliadhna a shuidhich Achd 2005.

Luchd-coluadair an ùghdarrais

Bu chòir ainm agus seòladh an àrd-oifigeir a tha an urra ri ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh a' phlana a bhith ann, agus ainm agus seòladh oifigearan iomchaidh sam bith ann an diofar raointean de libhrigeadh sheirbheisean.

Roghainn cànan

Bu chòir Plana Gàidhlig sealltainn gur e deagh dhòigh obrach a tha ann a bhith a' toirt cothrom don phoball a' Ghàidhlig a chleachdadh agus gu bheil e tric nas fhasa do dhaoine am beachdan agus am feuman a chur an cèill anns a' chànan sin. Bu chòir planaichean cuideachd aithneachadh gur dòcha gur e Gàidhlig am modh conaltraidh as fheàrr le duine a dh'aindeoin dè an comas a tha aca ann an Gàidhlig an coimeas ri Beurla no cànan sam bith eile. Bu chòir innse do luchd-obrach an ùghdarrais phoblaich mu na cothroman air Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach, agus bu chòir dhaibh a bhith air am misneachadh gus a h-uile cothrom den t-seòrsa sin a ghabhail mar a ghabhas.

Bidh am Bòrd toilichte tuilleadh comhairle a liubhairt mu structar Plana Gàidhlig nuair a thòisicheas an t-ùghdarras ga dheasachadh. Bhiodh am Bòrd cuideachd deònach taic a chumail ri deasachadh susbaint nan diofar phàirtean den phlana.

Earrann 6 ::

Bun-dhleastanasan Plana Gàidhlig

Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh air na bun-dhleastanasan a bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach beachdachadh air cur anns na Planaichean Gàidhlig aca.

Ùghdarrasan poblach agus leasachadh na Gàidhlig

Tha am Bòrd den bheachd gu bheil àite deatamach aig an t-saoghal poblach ann an dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig beò san àm ri teachd ann an Alba. Na prìomh phàirt de ghnàthachadh cleachdadh na Gàidhlig tha cruthachadh nan suidheachaidhean airson a cleachdadh sa bheatha poblach. Còmhla ri prìomh amasan eile a' Bhùird – saoghal foghlam Gàidhlig a tha a' leudachadh, saoghal ealain agus cultair Ghàidhlig a tha soirbheachail, taic do choimhearsnachdan Gàidhlig agus meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba – feumaidh ùghdarrasan poblach planadh airson ciamar a nì iad coluadar ri luchd-labhairt na Gàidhlig.

Chaidh ullachadh a' *Phlana Nàiseanta* a stiùireadh le ceithir bun-bheachdan stèidhichte planadh cànan, agus buinidh iadsan cuideachd do dh'ullachadh phlanaichean le ùghdarrasan poblach:

Cleachdadh Cànan – brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig, toirt cothrom air a' chànan a chleachdadh, agus adhartachadh cothrom air modhan labhairt Gàidhlig

Tro bhith a' solarachadh barrachd sheirbheisean don phoball tron Ghàidhlig, agus a' toirt barrachd chothroman don luchd-obrach aca fhèin a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an coileanadh an obraichean, faodaidh ùghdarrasan poblach cothroman air Gàidhlig a chleachdadh a mheudachadh gu mòr.

Inbhe Cànan – meudachadh air na tha de Ghàidhlig ri faicinn agus ri cluinntinn, gus aithne oirre a leudachadh agus gus ìomhaigh fhiùghaireach a chruthachadh don Ghàidhlig ann am beatha poblach na h-Alba

Faodaidh ùghdarrasan poblach àite cudromach a ghabhail ann am meudachadh na tha ri fhaicinn den Ghàidhlig le bhith, mar eisimpleir, a' cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean, cinn-litreach agus na làraich-lìn aca.

Togail Cànain – meudachadh air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an cànain air a thoirt seachad agus le bhith a' faighinn cothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh

'S iad na prìomh raointean air a bheil am Bòrd a' meas gum bu chòir do dh'ùghdarrasan aire shònraichte a thoirt, foghlam sgoile, an dachaigh agus ionnsachadh inbheach. Ann an cuid de chùisean, 's dòcha gum brosnach an solar Gàidhlig a bharrachd aig ùghdarras iarrtas a bharrachd airson sheirbheisean sa Ghàidhlig agus gun cruthaich e barrachd ùidhe airson ionnsachadh agus toirt seachad na Gàidhlig.

Corpais Cànain – neartachadh air iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig, agus adhartachadh air rannsachadh air a' chànan

Thig briathrachas ùr ann an Gàidhlig à barrachd cleachdadh den chànan ann an libhrigeadh sheirbheisean agus ann an aithne chorporra. Cumaidh seo luchd-cleachdaidh na Gàidhlig uidheamaichte anns gach raon de bheatha làitheil.

Planaichean Gàidhlig agus dleastanasan corporra ùghdarras poblach

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum Plana Gàidhlig na ceumannan a ghabhas ùghdarras poblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig an co-cheangal ri coileanadh a dhleastanasan innse. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean a chomharrachadh ris am bu chòir ùghdarrasan poblach dèiligeadh ann an ullachadh am planaichean.

Aithne: aithne chorporra soidhnichean

Conaltradh: fàilteachas
fòn
post agus post-dealain
foirmean
coinneamhan poblach
modhan gearain

Foillseachaidhean: dàimh phoblach agus na meadhanan
stuth clò-bhuailte
làraich-lìn
taisbeanaidhean

Luchd-obrach: trèanadh
ionnsachadh cànain
fastadh
sanasachd

Faodaidh na ceithir dleastanasan corporra sin, agus na raointean a bhuineas dhaibh, cur ri àrdachadh làthaireachd agus faicsinneachd na Gàidhlig agus ann an solar seirbheis do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha tuilleadh mìneachaidh air cho cudromach 's a tha iad do leasachadh na Gàidhlig anns na clàran aig deireadh na h-earrainn seo.

A' deasachadh Planaichean Gàidhlig a tha reusanta agus co-rèir

Tha am Bòrd a' tuigsinn gum bi Planaichean Gàidhlig eadar-dhealaichte a rèir dleastanasan nan diofar ùghdarrasan poblach agus dè am pàirt de dh'Alba anns a bheil iad ag obair, agus a thaobh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus comas air a' Ghàidhlig a leudachadh san sgìre aca. Mar sin chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach à dè bu chòir a bhith ann am planaichean nan diofar ùghdarrasan poblach. Tha sinn airson obrachadh còmhla ri ùghdarrasan agus planaichean a tha reusanta a rèir an suidheachaidhean fa leth a choileanadh.

Mar a tha air a mhìneachadh ann an earrann 3 den stiùireadh seo, agus a rèir nan slatan-tomhais reachdail dom feum ùghdarrasan poblach aire a thoirt fo Achd 2005, san fharsaingeachd tha am Bòrd a' sùileachadh anns na ceàrnaidhean far as àirde na h-àireamhan sa chunntas no sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig, gum bi raon nas fharsainge agus ìre dhleastanasan nas làidire ann am Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblach.

A' comharrachadh nam bun-dhleastanasan airson Plana Gàidhlig

Tha cothrom aig a h-uile ro-innleachd aithne, conaltraidh, foillseachaidh agus fastaidh ùghdarrasan poblach cur ri leasachadh na Gàidhlig. Tha am Bòrd airson ùghdarrasan a bhrosnachadh gu beachdachadh am broinn nan dleastanasan sin càit am b' urrainn dhaibh cur ri àrdachadh air làthaireachd agus cleachdadh na Gàidhlig. Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh san obair seo, chomharraich sinn bun-dhleastanasan air am bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach beachdachadh a chur anns na planaichean aca. Le mothachadh air na diofar ìrean de sholar Gàidhlig a dh'fhaodadh a bhith air an coileanadh ann an diofar sgìrean den dùthaich, dh'fheuch sinn ri diofar ìrean dleastanas ullachadh taobh a-staigh gach raon de lìbhrigeadh sheirbheisean. Tha na h-eisimpleirean sin nan dealbh air cothroman, gun a bhith a' cur crìoch orra.

Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh le co-dhùnadh dè an ìre de sholarachadh Gàidhlig a bhios iomchaidh a lìbhrigeadh, agus gus faighinn a-mach dè na dleastanasan a dh'fhaodadh a bhith freagarrach a chur anns a' phlana aca, tha ceithir raointean de sholar Gàidhlig a bhithear a' sùileachadh air an comharrachadh. Aig a' cheann thall, tha e an urra ris an ùghdarras sin a thighinn gu co-dhùnadh mu ìre iomchaidh de sholarachadh le aire do na slatan-tomhais ann an Achd 2005, don stiùireadh seo, agus do chomhairle bhon Bhòrd. Le Achd 2005 ag iarraidh air ùghdarrasan poblach am Planaichean Gàidhlig a chur a-steach don Bhòrd airson beachdachadh agus aonta, bhiodh sinn toilichte bruidhinn ri ùghdarrasan poblach gu tràth mu dè an ìre de sholarachadh a shaoileas sinn a bhuineas don t-suidheachadh aca.

Ìrean de sholar Gàidhlig

(i) airson ùghdarrasan poblach a tha ag obair ann an sgìrean far a bheil a' mhòr-chuid den t-sluagh comasach air tuigsinn, bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig, bithear a' sùileachadh gun obraich an t-ùghdarras poblach, taobh a-staigh clàr-ama reusanta agus a rèir a shuidheachaidh fa leth, a dh'ionnsaigh shuidheachaidhean anns am faodar Gàidhlig a chleachdadh thar gach seirbheis don phoball a chruthachadh, agus anns am faod

neach-obrach sam bith a tha ag iarraidh Gàidhlig a chleachdadh ann an coileanadh a dhleastanasan sin a dhèanamh. Bu chòir do na h-ùghdarrasan sin feuchainn ri caochladh dhleastanasan a chomharrachadh a chuireas iad anns a' Phlana Ghàidhlig aca, agus faodaidh a' chuid as motha dhiubh a bhith aig ìre car àrd, gus dèanamh cinnteach gu bheil làthaireachd àrd ga toirt don Ghàidhlig agus gus caochladh dhòighean a thabhann trom faighear air misneachd agus comas a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig coluadar ris an ùghdarras tron Ghàidhlig

(ii) airson ùghdarrasan poblach le sgìrean obrach a tha a' gabhail a-steach ceàrnaidhean far a bheil a' mhòr-chuid den t-sluagh comasach air tuigsinn, bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig, bithear a' sùileachadh gun obraich an t-ùghdarras poblach, taobh a-staigh clàr-ama reusanta agus a rèir a shuidheachaidh fa leth, a dh'ionnsaigh cruthachadh shuidheachaidhean anns am faodar Gàidhlig a chleachdadh thar gach seirbheis don phoball bho oifisean agus aonadan stèidhichte anns na ceàrnaidhean sin, agus gum bu chòir do sheirbheisean eile air an solarachadh bho thaobh a-muigh nan ceàrnaidhean sin do dhaoine a' fuireach annta (a' gabhail a-steach seirbheisean àrd-oifis) a bhith rim faotainn ann an Gàidhlig. Bu chòir do na h-ùghdarrasan sin feuchainn ri sreath fharsaing de dhleastanasan a chomharrachadh a chuireas iad anns a' Phlana Ghàidhlig aca, cuid dhiubh a dh'fhaodadh a bhith aig ìre car àrd. Cho math ri bhith a' gabhail ceumannan airson làthaireachd na Gàidhlig àrdachadh, bu chòir aire shònraichte a thoirt do chomharrachadh caochladh raointean de lìbhrigeadh sheirbheisean anns am faighear misneachd agus comas a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig coluadar ris an ùghdarras tron Ghàidhlig

(iii) airson ùghdarrasan poblach a tha a' frithealadh ceàrnaidhean anns nach e daoine a tha comasach air tuigsinn, bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh Gàidhlig a tha sa mhòr-chuid den t-sluagh, ach far a bheil na h-àireamhan sa chunntas no sa cheud àrd no ann an dùmhlachaidhean susbainteach, bithear a' sùileachadh gun obraich an t-ùghdarras poblach, taobh a-staigh clàr-ama reusanta agus a rèir a shuidheachaidh fa leth, a

dh'ionnsaigh a bhith a' solarachadh seirbheisean tron Ghàidhlig as dòcha a bhios an luchd-labhairt sin a' sireadh. Bu chòir do na h-ùghdarrasan sin feuchainn ri dleastanasan a chomharrachadh a chuireas iad anns a' Phlana Ghàidhlig aca. Cho math ri bhith a' gabhail ceumannan airson làthaireachd na Gàidhlig àrdachadh, bu chòir aire shònraichte a thoirt do chomharrachadh caochladh raointean de libhrigeadh sheirbheisean anns am faighear air misneachd agus comas a thoirt do luchd-labhairt Gàidhlig coluadar ris an ùghdarras tron Ghàidhlig

- (iv) bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach anns a h-uile sgìre eile, far a bheil àireamh sa cheud ìosal de luchd-labhairt na Gàidhlig agus anns nach biodh mòran solar dà-chànanach comasach dhaibh, fhathast feuchainn ri obrachadh, taobh a-staigh clàr-ama reusanta agus a rèir a shuidheachaidh fa leth, a dh'ionnsaigh raointean seirbheis a chomharrachadh anns am faodadh beagan solar dà-chànanach a bhith ri fhaotainn, agus ceumannan poileasaidh a dh'fhaodar a ghabhail airson cuideachadh àrainneachdan Gàidhlig, mar sgoiltean, ionadan coimhearsnachd agus ionadan agus tachartasan eile, a chruthachadh aig ìre ionadail. Ged a dh'fhaodadh na h-ùghdarrasan sin cudrom a chur an toiseach air ceumannan gus inbhe na Gàidhlig a leasachadh agus air comas air taic a thoirt don Ghàidhlig ann an dòighean eile a thogail, bu chòir dhaibh fhathast feuchainn mar thoiseach tòiseachaidh dòighean anns am faighear air misneachd agus comas a thoirt do luchd-labhairt Gàidhlig coluadar ris an ùghdarras tron Ghàidhlig a chomharrachadh

Chan eil anns na raointean farsaing sin ach iùl. Tha am Bòrd a' tuigsinn gum feumar dèiligeadh ri deasachadh Phlanaichean Gàidhlig a rèir cùis nan ùghdarrasan fa leth agus gum faod ùghdarrasan diofar ìrean de dhleastanasan thar sreath ìrean a chur ann a rèir an suidheachaidhean fa leth. Tha am Bòrd a' tuigsinn cuideachd gu tric gur dòcha gun cuirear feum air comas a thogail mus faighear air seirbheisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig.

Tha na ceithir prìomh dhleastanasan corporra air am feumar beachdachadh ann an ullachadh Plana Ghàidhlig anns na clàran a leanas. An uair sin tha iad sin air am fo-roinn ann an dleastanasan sònraichte air an làimh chli, le eisimpleirean air an toirt air an làimh dheis de dhleastanasan a dh'fhaodar a chur ann am Plana Ghàidhlig an ùghdarras phoblaich. Ri ùine bidh am Bòrd ag ullachadh tuilleadh comhairle mionaidich ri faotainn gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh na raointean sin a chur an gnìomh.

Chan eilear a' sùileachadh gun tig ùghdarrasan gu co-dhùnadh, an dèidh dhaibh aire a thoirt do shlatan-tomhais Achd 2005 agus do na h-ìrean solair air an comharrachadh roimhe, nach buin gin de na h-eisimpleirean a leanas don t-suidheachadh acasan, ach theagamh gum bi iad den bheachd nach bi ach cuid dhiubh freagarrach airson cur don chiad Phlana Ghàidhlig aca. Tha am Bòrd airson daingneachadh gu bheil na h-eisimpleirean sin nan dealbh air cothroman, gun a bhith a' cur crìoch orra. Tha am Bòrd a' sùileachadh gum bi na ceithir dleastanasan corporra a tha air comharrachadh air an riochdachadh ann an dòigh air choreigin ann am Plana Ghàidhlig a h-uile h-ùghdarras poblach. Mar sin bu chòir don a h-uile h-ùghdarras beachdachadh air dè as urrainn dhaibh a dhèanamh fo gach dleastanas agus dleastanasan eadar-dhealaichte agus/no a bharrachd a lorg a chumadh taic ri leasachadh na Gàidhlig anns an sgìre aca. Bidh am Bòrd a' toirt eisimpleirean eile a dh'fhaodar a chur ann am Planaichean Gàidhlig an lorg na dh'fhiosraichear.

Aithne

Dleastanas

Aithne chorporra

Faodaidh Gàidhlig anns an aithne chorporra aig ùghdarras poblach cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànain, agus tha e na theachdaireachd gu bheil an t-ùghdarras poblach a' cur meas air a' Ghàidhlig agus mar a bhios e a' toirt àite dhi.



Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga cleachdadh anns an aithne chorporra aca. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ beagan Gàidhlig ri chleachdadh ann an cuid de phàipearachd, bràistean, ceadan agus air dreach charbadan*
- ❖ suaicheantasan agus iar-abairtean Gàidhlig rin cleachdadh
- ❖ Gàidhlig gu bhith san t-suaicheantas chorporra
- ❖ pàipearachd, bràistean, ceadan agus dreach charbadan gu bhith gu h-iomlan dà-chànanach*

* Bhiodh am Bòrd airson gun dèanadh a h-uile h-ùghdarras poblach cinnteach gum beachdaichear air Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar, mar eisimpleir, ag ùrachadh pàipearachd no dreach charbadan. Faodar Gàidhlig a thoirt a-steach aig an ìre seo gun cus cosgais.

Soidhnichean (a-staigh agus a-muigh)

Mar aithne chorporra, faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean cur gu mòr ri faicsinneachd na Gàidhlig agus tha e na theachdaireachd mu inbhe a' chànain. Faodaidh leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cuideachd agus cur ri leasachadh a' chànain.



Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga cleachdadh ann an soidhnichean a tha an urra riutha. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ Gàidhlig ri cleachdadh air cuid de shoidhnichean a-staigh agus a-muigh (gu sònraichte an fheadhainn as fhollaisiche aig an ùghdarras)
- ❖ Gàidhlig ri cleachdadh air soidhnichean agus placaichean ioma-chànanach
- ❖ Gàidhlig ri cleachdadh air soidhnichean sealach
- ❖ dà-chànanas sa chumantas no gu h-iomlan gu bhith air soidhnichean a-staigh agus a-muigh tron ùghdarras gu lèir

Conaltradh

Dleastanas

Fàilteachas

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad àite a thachras am poball ris an ùghdarras phoblach a' meudachadh na bhios ga chluinntinn den chànan, agus a' cur ris a' mhothachadh gu bheil comas agus cothrom aca Gàidhlig a chleachdadh. Cho math ri bhith ag àrdachadh làthaireachd a' chànan, tha e cuideachd a' cruthachadh cothroman air a bhith ga cleachdadh agus a' toirt misneachd don phoball Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean ris an ùghdarras phoblach a-rithist.

Fòn

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an coluadar ris an ùghdarras air fòn cudromach gus cothroman practaigeach a chruthachadh airson an cànan a chur gu feum, agus cur ris a' mhothachadh gum bi fàilte agus furan ann a chleachdadh.

Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga chleachdadh ann an goireasan fàilteachaidh sam bith a bhios iad a' tabhann. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ nota stiùiridh ri chur ri chèile air cùisean Gàidhlig a bhios air an toirt do luchd-obrach
- ❖ stiùireadh ri thoirt do luchd-obrach air mar a dhèiligeas iad ri ceistean bho luchd-labhairt na Gàidhlig
- ❖ fàilte ri cur air luchd-tadhail sa Ghàidhlig le luchd-obrach ainmichte
- ❖ luchd-obrach ainmichte ri dèiligeadh ris an t-sluagh leis am b' fheàrr a bhith a' conaltradh ann an Gàidhlig
- ❖ luchd-fàilteachaidh le Gàidhlig gu bhith ri làimh agus so-aithneach don phoball

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga chleachdadh ann an conaltradh air fòn. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ nota stiùiridh ri chur ri chèile air cùisean Gàidhlig a bhios ga thoirt do luchd-obrach an ùghdarras
- ❖ stiùireadh ri thoirt do luchd-obrach air mar a dhèiligeas iad ri fòn bho luchd-labhairt na Gàidhlig
- ❖ oifigear san ùghdarras ri ainmeachadh airson ceistean Gàidhlig a làimhseachadh
- ❖ fàilteachadh sa Ghàidhlig ri chleachdadh air innealan freagairt no ann an siostaman fèin-fhreagairt
- ❖ nuair nach bi duine ann a bhruidhneas Gàidhlig, neach-obrach le Gàidhlig ri fòn a chur air ais ma bhios e ri iarraidh
- ❖ the provision of a dedicated line specifically for calls from Gaelic speakers

Conaltradh (a' leantainn)

Dleastanas

Post agus post-dealain

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an litrichean agus post-dealain gun agus bhon ùghdarras phoblach a' toirt cothrom air Gàidhlig a chleachdadh ann an dà dhòigh chonaltraidh chudromach. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na modhan sin a' toirt cothroman do luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh ann an caochladh shuidheachaidhean.



Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga cleachdadh tron phost agus sa phost-dealain. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ gealladh gum brosnachar barail thaiceil don Ghàidhlig tron ùghdarras gu lèir
- ❖ stiùireadh ri thoirt do luchd-obrach air mar a dhèiligeas iad ri ceistean bho luchd-labhairt na Gàidhlig
- ❖ gealladh gun gabhar ri conaltradh anns a' Ghàidhlig
- ❖ gealladh gum freagarar conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig ann an Gàidhlig taobh a-staigh clàr-ama aontaichte
- ❖ iùl ri stèidheachadh airson nan suidheachaidhean anns am bi Gàidhlig no conaltradh dà-chànanach gan cleachdadh nuair a tha iad a' tòiseachadh (chan ann a' freagairt) a' chonaltraidh, mar a' chiad chonaltradh ann an Gàidhlig ri daoine agus buidhnean ma tha e aithnichte gur e conaltradh ann an Gàidhlig as fheàrr leotha

Conaltradh (a' leantainn)

Dleastanas

Foirmean

Faodaidh cothrom air cleachdadh na Gàidhlig air foirmean ùghdarrasan poblach cur gu mòr ri na cothroman air a' chànan a chleachdadh. Mar an ceudna, ma tha Gàidhlig ann an sreath foirmean (Gàidhlig no dà-chànanach), faodaidh e cur gu mòr ri faicsinneachd agus cliù a' chànan. Bidh ullachadh thionndaidhean Gàidhlig de dh'fhoirmean, iarrtasan agus sgrìobhainnean den t-seòrsa na chuideachadh an taghadh de bhriathrachas Gàidhlig agus mothachadh dhaoine le Gàidhlig air a' bhriathrachas sin a leudachadh, a' cuideachadh an cànan fhèin a leasachadh.

Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air cleachdadh na Gàidhlig agus air cothrom air cleachdadh na Gàidhlig an co-cheangal ri foirmean a tha an urra riutha. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ gealladh gum broснаichear barail thaiceil don Ghàidhlig tron ùghdarras gu lèir
- ❖ gealladh gun gabhar foirmean a lìonadh ann an Gàidhlig, mura bi adhbharan airson nach gabh sin a dhèanamh (ma tha adhbharan ann feumar an dèanamh soilleir)
- ❖ stiùireadh ri thoirt do luchd-obrach air mar a dhèiligeas iad ri foirmean bho luchd-cleachdaidh na Gàidhlig
- ❖ iùl ri stèidheachadh airson nan suidheachaidhean anns am bi foirmean Gàidhlig no dà-chànanach gan cleachdadh
- ❖ sreath choileanta ri cur a-mach de dh'fhoirmean agus stuth taice ann an Gàidhlig no ann an cruth dà-chànanach

Conaltradh (a' leantainn)

Dleastanas

Coinneamhan poblach

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an coinneamhan poblach a bhith na phrìomh dhòigh air am faigh luchd-labhairt na Gàidhlig air am beachdan a chur an cèill anns a' chànan as fheàrr leotha agus a bhith na chuideachadh na tha ri chluinntinn den Ghàidhlig ann am barrachd shuidheachaidhean a bhrosnachadh.



Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh mu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' toirt cothrom air cleachdadh na Gàidhlig aig coinneamhan poblach. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ gealladh gum broснаichear barail thaiceil don Ghàidhlig tron ùghdarras gu lèir
- ❖ stiùireadh ri thoirt do luchd-obrach air mar a dhèiligeas iad ri conaltraidhean bho luchd-labhairt Gàidhlig
- ❖ gealladh gun dèanar cinnteach gum bi daoine a tha a' frithealadh cuid de choinneamhan an ùghdarras phoblaich comasach air bruidhinn tron Ghàidhlig no tron Bheurla, agus innse dhaibh ro-làimh gum faod iad seo a dhèanamh
- ❖ goireasan eadar-theangachadh labhairt rim faotainn ann an suidheachaidhean iomchaidh
- ❖ iùl ri stèidheachadh airson nan suidheachaidhean anns am bi coinneamhan air an cumail ann an Gàidhlig, mar sònrachadh de choinneamhan poblach aig am bi a' Ghàidhlig na cànan conaltraidh, agus goireasan eadar-theangachadh labhairt a bhith ann do dhaoine gun Ghàidhlig

Modh gearain

Cho math ri bhith a' cruthachadh cothroman practaigeach airson cleachdadh na Gàidhlig, tha stèidheachadh modh gearain a tha a' freagairt air cleachdadh na Gàidhlig a' daingneachadh gu bheil an t-ùghdarras deònach Gàidhlig a chleachdadh agus deagh sheirbheis a thoirt do na daoine leis am b' fheàrr am beachdan a chur an cèill tron Ghàidhlig.



Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bheir iad cothrom air Gàidhlig a chleachdadh ann am modhan gearain. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ gearanan mu chùisean Gàidhlig, ann am Beurla no Gàidhlig, rin làimhseachadh gu faiceallach
- ❖ stiùireadh ri thoirt do luchd-obrach air mar a dhèiligeas iad ri gearanan a gheibh iad ann an Gàidhlig
- ❖ fiosrachadh mu mhodh gearain an ùghdarras ri fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla

Foillseachaidhean

Dleastanas

Dàimh phoblach agus na meadhanan

Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh sealltainn gu bheil an t-ùghdarras poblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain.

Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga cleachdadh an co-cheangal ri dàimh phoblach agus na meadhanan. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ gealladh gum broснаichear barail thaiceil don Ghàidhlig tron ùghdarras gu lèir
- ❖ iomradh ri thoirt air Plana Gàidhlig agus solar Gàidhlig a' bhuidhinn ann an notaichean gu luchd-deasachaidh ann am fiosan-naidheachd iomchaidh
- ❖ tionndaidhean de chuid de dh'fhiosan-naidheachd Gàidhlig no dà-chànanach rim faotainn
- ❖ where appropriate and reasonably practicable, Gaelic speakers to be made available to deal with Gaelic media enquiries and interviews

Stuth clò-bhuailte

'S urrainn cleachdadh na Gàidhlig ann an sreath de stuthan clò-bhuailte cur ri leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cuideachadh faicsinneachd a' chànain a mheudachadh, tha e a' cur ri inbhe na Gàidhlig, is i ann am foillseachaidhean iomraiteach, agus faodaidh e cuideachadh briathrachas a dheasachadh agus a dhaingneachadh.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga chleachdadh ann an stuth clò-bhuailte sam bith a dh'fhoillsicheas iad. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ fiosrachadh ri chur ann mu leasachadh chùisean Gàidhlig far am buin e do dhleastanasan an ùghdarrais
- ❖ nithean Gàidhlig (m.e. ainmean Gàidhlig, fo-thiotalan dà-chànanach, geàrr-chunntas Gàidhlig) rin cur ann am foillseachaidhean nach eil sa Ghàidhlig
- ❖ leabhraichean no bileagan gu bhith Gàidhlig no dà-chànanach ma shaoilear gum bi ùidh shònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig san stuth, no ma tha e de chudromachd nàiseanta
- ❖ aire ri toirt do na suidheachaidhean anns am bi foillseachaidhean Gàidhlig no dà-chànanach air am faicinn nàdarach ann an suidheachadh an ùghdarrais

Foillseachaidhean (a' leantainn)

Dleastanas

Làraich-lìn

Mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a nithear feum den Ghàidhlig an lùib làraich-lìn sam bith a tha fon uallach. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ gealladh gum faighear fiosrachadh mu chùisean Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais
- ❖ seòlaidhean-lìn Gàidhlig agus Beurla rin cleachdadh gus luchd-tadhail a stiùireadh gu duilleag-dachaigh an ùghdarrais
- ❖ pàirt Gàidhlig ri dheasachadh de dhuilleag-dachaigh an ùghdarrais
- ❖ duilleagan sònraichte Gàidhlig rin cur ri chèile air làrach-lìn an ùghdarrais
- ❖ làrach-lìn a tha gu mòr no gu h-iomlan dà-chànanach ri cur ri chèile leis an ùghdarrais

Taisbeanaidhean

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean a' toirt àite do ghealladh an ùghdarrais a bhith a' toirt seachad fiosrachadh ann an Gàidhlig agus a bhith a' leudachadh a cleachdadh ann am barrachd àrainneachdan.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan buntainneach beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bhios Gàidhlig ga cleachdadh an co-cheangal ri taisbeanaidhean sam bith a tha fon uallach. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ ma bhios e iomchaidh don taisbeanadh, fiosrachadh ri fhaotainn air a' cho-theacs Gàidhlig
- ❖ Gàidhlig ri cur ann an cuid de stuthan taisbeanaidh (gu h-àraidh an fheadhainn as fhollaisiche)
- ❖ tomhas mòr de Ghàidhlig ri chur ann an stuth taisbeanaidh ma tha buntainneach aig a' chuspair ri Gàidhlig no ma tha ùidh shònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann
- ❖ stuth Gàidhlig no dà-chànanach ri chleachdadh anns a h-uile taisbeanadh no anns a' chuid as motha dhiubh

Luchd-obrach

Dleastanas

Trèanadh

Gus seirbheisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig, feumaidh ùghdarrasan poblach na sgilean obrach agus cànan a dh'fheumas an luchd-obrach a leasachadh.

Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh airson dè an trèanadh a gheibh luchd-obrach an co-cheangal ri Gàidhlig. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ nota stiùiridh ri chur ri chèile do luchd-obrach le bun-fhiosrachadh air cùisean Gàidhlig a bhuineas don ùghdarras
- ❖ trèanadh, taic agus stòrais rim faotainn le luchd-obrach a tha an sàs ann an cur an gnìomh Plana Gàidhlig an ùghdarras (m.e. sgilean cànan, faclairean, bathar-bog)
- ❖ cothrom ri thoirt air seirbheisean eadar-theangachaidh agus ceartachaidh do luchd-obrach a tha an sàs ann an cùisean Gàidhlig nuair a bhios iad a dhìth

Ionnsachadh cànan

Cuiridh cothroman ionnsachadh cànan airson luchd-obrach ri adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig mar inbheach, agus ri adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail anns an àite-obrach.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a bheir iad cothrom air ionnsachadh Gàidhlig am measg an luchd-obrach. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ trèanadh cànan ri thoirt do luchd-obrach a bhios an sàs ann an cur an gnìomh Plana Gàidhlig an ùghdarras agus ann an cur air dòigh tachartasan Gàidhlig
- ❖ luchd-obrach rim brosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh
- ❖ cothroman trèanaidh rin tabhann do luchd-labhairt na Gàidhlig gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh

Luchd-obrach (a' leantainn)

Dleastanas

Fastadh

Cuiridh an cruthachadh de dh'obraichean anns a bheil Gàidhlig na sgil riatanach no fheumail gu mòr ri inbhe a' chànain, agus ri comharrachadh gur e sgil fheumail a tha innte.



Roghainnean

Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh airson mar a chleachdas iad Gàidhlig an co-cheangal ri fastadh luchd-obrach. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ far a bheil luchd-obrach rim fastadh airson dèiligeadh ri cùisean Gàidhlig, gheibh iad stiùireadh agus/no trèanadh gus am faigh iad air taic a thoirt do leasachadh a' chànain
- ❖ an t-ùghdarras ri rannsachadh agus ri dearbhadh cò na dreuchdan, ma tha gin, a dh'fhaodadh a bhith air an sònrachadh mar Ghàidhlig riatanach agus cò an fheadhainn mar Ghàidhlig fheumail, a' toirt aire don reachdas iomchaidh
- ❖ oifigear(an) ainmichte leasachadh Gàidhlig ri fhasadh airson cuideachadh am Plana Gàidhlig a chur an gnìomh agus le leasachadh na Gàidhlig agus le dleastanasan sa choimhearsnachd

Sanasachd

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh a thuigsinn gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais phoblaich.



Bu chòir do dh'ùghdarrasan beachdachadh air poileasaidh a dheasachadh air mar a chleachdas iad Gàidhlig an co-cheangal ri sanasan airson dreuchdan. 'S iad eisimpleirean de na diofar rudan a dh'fhaodadh a bhith anns a' phoileasaidh sin:

- ❖ iomradh air Plana Gàidhlig an ùghdarrais gu bhith anns gach sgrìobhainn fastaidh no ann an cuid dhiubh
- ❖ airson dreuchdan air an sònrachadh mar Ghàidhlig riatanach no feumail, sanasan gu bhith Gàidhlig no dà-chànanaich mar a bhios iomchaidh

Dleastanasan ùghdarrasan poblach a thaobh poileasaidh

Cho math ri lìbhrigeadh sheirbheisean agus an obair taobh a-staigh an ùghdarrais, faodaidh ùghdarrasan poblach cuideachd buaidh mhòr a thoirt air leasachadh na Gàidhlig tro iomadh taobh eile den obair aca, mar am poileasaidhean agus an co-dhùnidhean mu chùisean sòisealta, eaconamach, foghlaim agus eile nan raon-obrach. Anns an ath earrann den stiùireadh, tha sinn a' toirt geàrrchunntas air na prìomh amasan airson leasachadh na Gàidhlig a tha air an comharrachadh ann am *Plana Nàiseanta* na Gàidhlig. Buinidh mòran dhiubh sin do na dleastanasan poileasaidh sònraichte aig diofar seòrsachan ùghdarras poblach. Ann an cruthachadh phoileasaidhean, bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach aire a thoirt don bhuidh dhìreach agus neo-dhìreach a tha aca air a' Ghàidhlig, le aire shònraichte do na prìomh amasan air an comharrachadh anns a' *Phlana Nàiseanta*.

Tha am Bòrd a' moladh gum bu chòir gealladh a bhith ann am Planaichean Gàidhlig gun tèid beachdachadh air a' bhuidh chànanach a bhios aig poileasaidhean, agus gum bi poileasaidhean a leanas ùghdarras a' cumail ri na ceumannan anns a' Phlana Ghàidhlig. Tha am Bòrd a' brosnachadh deasachadh phoileasaidhean ma ghabhas e dèanamh a tha airson adhartas agus taic a chur ri adhartachadh agus cuideachadh cleachdadh agus togail na Gàidhlig.

Earrann 7 ::

A' cuideachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh

Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh air na ceanglaichean reachdail eadar *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus ullachadh Phlanaichean Gàidhlig fa leth, agus mar a bu chòir do dh'ùghdarras aire a thoirt don *Phlana Nàiseanta*.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Bun-fhiosrachadh

'S e aon de na prìomh nithean ann an Achd 2005 an dleastanas a tha air a chur air Bòrd na Gàidhlig *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* ullachadh agus a chur gu Ministearan na h-Alba. Bha seo air a dhealbh is fìor chugallachd cor na Gàidhlig ga aithneachadh. Ma tha an cànan gu bhith seasmhach anns na làithean ri teachd, feumar saothair a cho-òrdanachadh agus stòrais a stiùireadh a dh'ionnsaigh gnìomhan agus bhuilean aontaichte. Mar sin, 's e an fheallsanachd airson *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a chur ri chèile, sealladh coileanta a thoirt air dè dh'fheumar a dhèanamh airson gum bi spionnadh sa chànan, agus gu modail a chur air dòigh airson seasmhachd agus, aig a' cheann thall, meudachadh air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

Tha am *Plana Nàiseanta* a' toirt sealladh air a' Ghàidhlig mar chànan fallain, beothail far am bi cleachdadh, luach agus urram a' chànain a' fàs ann an Alba ioma-chultarach agus ioma-chànanach an latha an-diugh. Tha am *Plana Nàiseanta* a' mìneachadh carson a dh'fheumar, gus an sealladh sin a choileanadh, aghaidh a chur air ceithir prìomh bhun-bheachdan de leasachadh cànan – mar a tha an cothrom ga thoirt do dhaoine Gàidhlig a thogail; mar a tha an cothrom ga thoirt do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh; mar a dh'fhaodar cur ri inbhe na Gàidhlig; agus mar a dh'fhaodar corpas na Gàidhlig a leasachadh.

Airson nan ceithir bun-bheachdan airson planadh cànan, tha sreath de raointean prìomhachais air an comharrachadh, leithid togail tro fhoghlam, agus an uair sin tha prìomh phròiseactan, pròiseactan bun-structarail agus gnìomhan coitcheann air an comharrachadh a' mìneachadh an dòigh as fheàrr air adhartas a dhèanamh. Tha am *Plana Nàiseanta* glè fharsaing, agus tha e a' dèanamh molaidhean a tha a' bualadh air cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh, a' choimhearsnachd, an àite-obrach, a' bheatha phoblach agus saoghal an fhoghlaim.

Ùghdarrasan poblach agus am Plana Nàiseanta

Tha an t-àite a dh'fhaodas a bhith aig ùghdarrasan poblach air feadh Alba air leth cudromach gus am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh. Tha am Bòrd airson gum bi ùghdarrasan poblach an sàs anns a' Phlana Nàiseanta, ag aithneachadh gnìomhan as urrainn dhaibh dèanamh anns na raointean sa bheil iad ag obair, agus gun gabh iad ceumannan gus na gnìomhan sin a choileanadh.

Tha structar Achd 2005 a dh'aona ghnòthaich gus am feum ùghdarrasan poblach a fhuair fios-plana reachdail bhon Bhòrd Plana Gàidhlig a dheasachadh a bhith an sàs sa Phlana Nàiseanta. Mar a chaidh a mhìneachadh ann an earrann 4 den stiùireadh seo, tha earrann 3(5)(a) de dh'Achd 2005 a' cur dleastanas air ùghdarrasan poblach aire a thoirt don Phlana Nàiseanta nuair a bhios iad ag ullachadh nam Planaichean Gàidhlig aca fhèin. Mar sin bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach eòlas a chur air amasan agus miannan a' Phlana Nàiseanta, sgrùdadh nan raointean prìomhachais, prìomh phròiseactan agus gnìomhan a bhùineas do na dleastanasan aca, agus an uair sin beachdachadh air dè na ceumannan as urrainn dhaibh gabhail airson an cur an gnìomh (a' gabhail a-steach obrachadh còmhla ri daoine eile agus ris a' Bhòrd) agus iad sin a chomharrachadh anns a' Phlana Ghàidhlig aca.

Airson ùghdarrasan ionadail agus ùghdarrasan poblach eile a tha an sàs ann an solar foghlaim (mar HMle, Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba, Ionnsachadh & Teagasg Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba agus oilthighean agus ionadan trèanadh luchd-teagaisg ann an Alba), bu chòir dhaibhsan aire shònraichte a thoirt don raon phrìomhachais air togail cànanain tro fhoghlam sa Phlana Nàiseanta. An uair sin bu chòir do na h-ùghdarrasan sin beachdachadh air mìneachadh anns a' Phlana Ghàidhlig aca mar a chuidicheas iad le taic, adhartachadh agus/no libhrigeadh foghlam Gàidhlig. Dh'fhaodadh ùghdarrasan ionadail dèiligeadh ri mar a nì iad na cùisean shònraichte a leanas:

- ❖ adhartachadh foghlam Gàidhlig
- ❖ solarachadh foghlam Gàidhlig
- ❖ coinneachadh ris an iarrtas airson foghlam Gàidhlig

- ❖ cumail taic ri sgoilearan agus luchd-teagaisg Gàidhlig
- ❖ solarachadh stòrais airson foghlam Gàidhlig
- ❖ leudachadh agus leasachadh air foghlam Gàidhlig
- ❖ obrachadh an com-pàirt le buidhnean nàiseanta foghlaim, solaraidhean trèanadh treas-ìre agus an t-seirbheis dhreuchd gus cothroman do sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig a chur am meud

Bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach a tha ag obair ann an diofar raointean poileasaidh a dhol tron phròiseas cheudna a' comharrachadh nan geallaidhean shònraichte a dh'fhaodar cur ri taic do leasachadh na Gàidhlig san raon aca.

Geàrr-chunntas air na raointean prìomhachais anns a' Phlana Nàiseanta

Tha na bun-bheachdan airson planadh cànanain a tha a' toirt bunait don Phlana Nàiseanta air an comharrachadh anns a' chlàr a leanas còmhla ri raointean prìomhachais deatamach airson leasachadh na Gàidhlig. Bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach aire a thoirt do na raointean sin, agus bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun seall iad gu mionaideach ris a' Phlana Nàiseanta iomlan. Bidh na buidhnean a fhuair fios-plana reachdail bhon Bhòrd a' faighinn lethbhreac den Phlana Nàiseanta, agus tha e cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn a' Bhùird.

Prionnsapal planadh cànan

Togail cànan

Meudachadh air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an cànan ga thoirt seachad agus le bhith a' faighinn cothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh.



Raon prìomhachais

Togail cànan anns an dachaigh:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha cleachdadh agus toirt seachad na Gàidhlig san dachaigh, agus am feum air meudachadh air an àireamh de dhaoine òga a thog a' Ghàidhlig san dòigh seo.

Togail cànan tro fhoghlam:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha foghlam tron Ghàidhlig (FTG) agus cho luachmhor 's a tha foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh (FLG), agus bidh sinn airson meudachadh air an tomhas agus an ìre dhiubh agus air na h-àireamhan agus an leantainneachd ann am FTG.

Togail cànan ann am foghlam inbheach:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha cothroman do dh'inbhich leughadh agus sgrìobhadh ann an Gàidhlig ionnsachadh, agus bidh sinn airson meudachadh air tomhas agus cleachdadh cothroman airson foghlam inbheach.

Prionnsapal planadh cànan

Cleachdadh cànan

Brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig, toirt cothroman air an cànan a chleachdadh, agus adhartachadh cothruim air modhan labhairt Gàidhlig.

Raon prìomhachais

Cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha Gàidhlig ann an coimhearsnachdan far a bheil mòran ga bruidhinn, agus bidh sinn airson barrachd cleachdadh Gàidhlig, agus barrachd misneachd sa Ghàidhlig, adhartachadh anns a h-uile coimhearsnachd.

Cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach, agus bidh sinn airson adhartachadh agus brosnachadh barrachd cleachdadh Gàidhlig ann an àiteachan-obrach.

Adhartachadh Gàidhlig anns na meadhanan:

Tha sinn a' tuigsinn cho fìor chudromach 's a tha barrachd Gàidhlig anns na meadhanan clò, craolaidh agus air-loidhne, agus bidh sinn airson meudachadh a dhèanamh air an tomhas, an ìre agus a' chàileachd.

Adhartachadh Gàidhlig anns na h-ealain:

Tha sinn a' tuigsinn cho fìor chudromach 's a tha na h-ealain air an libhrigeadh tron Ghàidhlig agus bidh sinn airson inbhe, cothrom agus com-pàirt adhartachadh.

Adhartachadh Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus cur-seachad:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gum bi làthaireachd nas àirde aig a' Ghàidhlig ann an saoghal na turasachd, dualchais agus cur-seachad agus bidh sinn airson seo adhartachadh agus a bhrosnachadh far an gabh sin dèanamh.

Prionnsapal planadh cànan

Inbhe cànan

Meudachadh air na tha de Ghàidhlig ri faicinn agus ri cluinntinn, cur ri aithne oirre agus ìomhaigh fhiughaireach a chruthachadh don Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba.



Raon prìomhachais

Ìomhaigh fhiughaireach don Ghàidhlig:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha ìomhaigh fhiughaireach don Ghàidhlig, agus bidh sinn airson làthaireachd agus cliù na Gàidhlig àrdachadh far an gabh sin dèanamh.

Ullachadh Phlanaichean Gàidhlig:

Tha sinn a' tuigsinn gum feum Gàidhlig leudachadh a-mach gu gach raon de bheatha phoblach na h-Alba, agus gus seo a choileanadh bidh sinn a' cur fiosan-plana gu buidhnean poblach ag iarraidh orra Planaichean Gàidhlig ullachadh ann an Alba.

Meudachadh air faicsinneachd na Gàidhlig ann an Alba:

Tha sinn a' tuigsinn gum feum Gàidhlig a bhith ri faicinn agus ri cluinntinn ann an Alba ann an iomadh suidheachadh agus bidh sinn airson brosnachadh agus taic a a chur ri seo far an gabh sin dèanamh.

Prionnsapal planadh cànan

Corpas cànan

Neartachadh air freagarrachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus adhartachadh air rannsachadh mun chànan.

Raon prìomhachais

Leasachadh air litreachadh, briathrachas agus ainmean-àite Gàidhlig:

Tha sinn a' tuigsinn gum feumar ceumannan agus structaran iomchaidh airson dèanamh cinnteach gum bi freagarrachd agus cunbhalachd na Gàidhlig air an gleidheadh agus air an neartachadh.

Eadar-theangachadh labhairt agus sgrìobhaidh Gàidhlig:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha brosnachadh air tuilleadh fiosrachaidh a thionndadh gu Gàidhlig, agus bidh sinn airson dèanamh cinnteach gum bi cothrom agus càileachd ann an tionndadh gu Gàidhlig.

Gàidhlig ann an sgrùdaidhean agus rannsachadh:

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gum faighear fiosrachadh pongail mu gach raon de dh'obair agus leasachadh na Gàidhlig agus gum bi poileasaidhean agus prògraman an solas an fhiosrachaidh seo.

Earrann 8 ::

A' cur Plana Gàidhlig gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta

Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh air dòigh obrach a dh'fheumar a leantainn nuair a bhios ùghdarrasan poblach a' cur am Plana Gàidhlig chun a' Bhùird airson aonta.

A' cur a' Phlana Ghàidhlig gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta

Feumar Plana Gàidhlig a chur gu Bòrd airson aonta fo chumhachan earrann 3 de dh'Achd 2005. Tha earrann 5 de dh'Achd 2005 ag ainmeachadh gum feum am Bòrd an uair sin aonta a thoirt don Phlana no atharrachaidhean a mholadh. Ann am beachdachadh air am bu chòir aonta a thoirt don Phlana no atharrachaidhean a mholadh, fo earrann 5(2) feumaidh am Bòrd aire a thoirt an ìre mhath do na h-aon slatan-tomhais dom feum ùghdarrasan poblach aire a thoirt ann an deasachadh am planaichean:

- ❖ am *Plana Nàiseanta*
- ❖ an t-iarrrtas a tha ann no tha air chomas airson solar Gàidhlig ann an sgìre obrach a' bhuidhinn
- ❖ tagraidhean sam bith a rinneadh ris an ùghdarras poblach a thaobh coileanadh a dleastanasan agus cleachdadh na Gàidhlig
- ❖ stiùireadh sam bith a thugadh le Ministearan na h-Alba

Mar sin beachdaichidh am Bòrd a bheil am Plana Gàidhlig a chaidh a dheasachadh leis an ùghdarras poblach a' leantainn nan slatan-tomhais reachdail sin, a bheil e a' co-fhreagairt air na gnèithean leathann de dh'ìre solarachaidh air an comharrachadh aig toiseach earrann 6, agus a bheil an t-ùghdarras poblach air aire iomchaidh a thoirt air a' phàipear stiùiridh seo.

Nuair a bhios e a' cur a Phlana Gàidhlig a-steach, bu chòir do dh'ùghdarras poblach na sgrìobhainnean a leanas a chur na chois gus beachdachadh a' Bhùird a chuideachadh:

- ❖ lethbhreac den phoileasaidh Ghàidhlig aige, ma tha fear ann
- ❖ geàrr-chunntas air an sgrùdadh air comas cànan, ma bha fear ann
- ❖ mion-sgrùdadh air a' cho-chomhairle a rinn e

Tha am Bòrd a' sùileachadh gun seall Planaichean Gàidhlig a thèid a chur thuige airson aonta gun do rinn ùghdarrasan poblach fìor oidhirp air solar Gàidhlig a tha freagarrach san t-suidheachadh aca a mholadh.

Atharrachaidhean

Ma mholas am Bòrd atharrachaidhean ris a' Phlana a chuir ùghdarras poblach a-steach, beachdaichidh e air na h-atharrachaidhean còmhla ris an ùghdarras agus an uair sin bheir e am fiosrachadh gu foirmeil don ùghdarras. An uair sin feumaidh an t-ùghdarras fios a thoirt don Bhòrd taobh a-staigh aon mhìos mura h-eil e ag aontachadh ri aon no barrachd de na h-atharrachaidhean a chaidh a mholadh, air neo plana ath-leasaichte a chur a-steach le sùim do na h-atharrachaidhean a chaidh a mholadh. Feumaidh am Bòrd eadar trì agus sia mìosan a cheadachadh airson plana ath-leasaichte a chur a-steach.

An dèidh fios-plana foirmeil bho ùghdarras poblach nach eil e ag aontachadh ri aon no barrachd de na h-atharrachaidhean a mhol am Bòrd, feumaidh am Bòrd aonta a thoirt don chiad Phlana a chaidh a chur a-steach no aonta a chur thuige le na h-atharrachaidhean a chaidh aontachadh eadar an dà buidheann. Mura tig iad gu aonta taobh a-staigh dà mhìos thèid a' chùis a chur a-ghnàth gu Ministearan na h-Alba airson co-dhùnadh.

Àite Ministearan na h-Alba

Ma bhios Plana Gàidhlig air a chur gu Ministearan na h-Alba, feumaidh iad aonta a thoirt don chiad phlana a chaidh a chur a-steach, no aonta a thoirt do phlana le atharrachaidhean sam bith a tha Ministearan a' meas iomchaidh, le aire don:

- ❖ *Phlana Nàiseanta*
- ❖ iarrtas a tha ann no a tha air chomas air solar Gàidhlig ann an sgìre obrach a' bhuidhinn

Feumaidh Ministearan na h-Alba cuideachd cothrom a thoirt don Bhòrd agus don ùghdarras poblach sin tagraidhean a dhèanamh mun phlana, agus faodaidh iad beachdan iarraidh air duine sam bith eile a tha iad a' meas iomchaidh.

Foillseachadh

Nuair a bheir Bòrd na Gàidhlig no Ministearan na h-Alba aonta do Phlana Gàidhlig, feumaidh an t-ùghdarras poblach am plana fhoillseachadh agus na ceumannan a chur an gnìomh a rèir a' phlana.

Earrann 9 ::

Dearcnachadh agus ath-bhreithneachadh reachdail air Plana Gàidhlig

Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh air an dòigh obrach a leanas am Bòrd ann a bhith a' cumail sùil air Planaichean Gàidhlig, agus an dòigh obrach a dh'fheumas ùghdarrasan poblach a leantainn nuair a tha iad a' dèanamh ath-bhreithneachadh reachdail air a' Phlana Ghàidhlig aca.

Dearcnachadh

Tha earrann 6 de dh'Achd 2005 a' toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig aithisg dearcnachaidh iarraidh air ùghdarras poblach. Feumaidh an t-ùghdarras coinneachadh ri leithid de dh'iarrrtas taobh a-staigh trì mìosan.

Cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh bhon dearcnachadh seo gus:

- ❖ cuideachadh fiosrachadh a chur ri chèile mu sholar Gàidhlig le ùghdarrasan poblach san fharsaingeachd, airson dleastanas reachdail a' Bhùird a choileanadh a thaobh dearcnachaidh agus a thaobh cunntais do Mhinistearan mu chur an gnìomh taobhan Gàidhlig de Chairt Eòrpach nan Cànan Roinneil no Mion-chànan
- ❖ dearbhadh fhaighinn gu bheil dleastanasan air an ainmeachadh anns a' Phlana gan cur an gnìomh a rèir clàir-ama ainmichte

Ma tha am Bòrd den bheachd gu bheil an aithisg dearcnachaidh a' sealltainn nach deach na dleastanasan a choileanadh, faodaidh e aithisg air seo a chur gu Ministearan na h-Alba. Nì am Bòrd seo ma tha e den bheachd gu bheil e soilleir nach d' fhuair an t-ùghdarras poblach air na geallaidhean a chuir e sa phlana aige a choileanadh.

Faodaidh Ministearan na h-Alba, an dèidh dhaibh aithisg fhaighinn bhon Bhòrd agus an dèidh comhairle a chur ris an ùghdarras poblach agus tagraidhean sam bith bhuaithe a ghabhail a-steach, lethbhreac de dh'aithisg a' Bhùird a chur fa chomhair na Pàrlamaid agus/no iarraidh air an ùghdarras na ceumannan uile anns a' Phlana Ghàidhlig aige, no cuid dhiubh, a chur an gnìomh. Mus cuir iad àithne a-mach, feumaidh Ministearan comhairle a chur ris an ùghdarras mu na tha air iarraidh san àithne agus aire a thoirt do thagraidhean sam bith a tha an t-ùghdarras airson dèanamh.

Ath-bhreithneachadh

Tha am frèam airson leasachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 ag iarraidh gum bi iad air an ath-bhreithneachadh agus air an ùrachadh leis an ùghdarras poblach agus air an cur air ais chun a' Bhùird airson aonta taobh a-staigh còig bliadhna. Tha seo na phàirt deatamach ann an dèanamh cinnteach gum bi ùghdarrasan poblach a' feuchainn ris an ìre de sholarachadh Gàidhlig a bhios aca anns an sgìre anns a bheil iad ag obair a leudachadh mean air mhean. Anns a' chumantas bidh am Bòrd a' sùileachadh dearbhadh fhaighinn gu bheil ùghdarrasan poblach air dleastanasan nas mianmhoire a chur don Phlana Ghàidhlig an dèidh ath-bhreithneachaidh air plana a tha ann cheana.

Bidh ath-bhreithneachadh a' Phlana Ghàidhlig air a dhèanamh anns an aon dòigh 's a bha a' chiad Phlana air ullachadh fo Achd 2005. Tha seo a' ciallachadh gum feumar cumail ri bhith a' toirt na h-aon aire do shlatan-tomhais reachdail agus don tionndadh as ùire den stiùireadh seo, a' dèanamh co-chomhairle, agus a' cur a' Phlana le atharrachaidhean chun a' Bhùird airson aonta.

Faodaidh ùghdarras poblach beagan atharrachaidh a dhèanamh air a' Phlana Ghàidhlig aige gun aonta a' Bhùird, mar mhearachd a cheartachadh no fiosrachadh dearbhte a tha air atharrachadh ùrachadh, cho fad 's nach dèan e atharrachadh mòr air a' Phlana.

LEAS-PHÀIPEAR ::

Ath-thagradh an aghaidh fios-plana reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig

Tha an earrann seo a' mìneachadh na dòigh obrach a bu chòir do dh'ùghdarras poblach a leantainn is e a' faireachdainn gu bheil e mì-reusanta do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air Plana Gàidhlig reachdail a chur ri chèile, no gu bheil an clàr-ama a chaidh a shuidheachadh airson a' Phlana a chur a-steach mì-reusanta.

Ath-thagraidhean an aghaidh clàir-ama

Ma tha ùghdarras poblach den bheachd gu bheil an ceann-latha air ainmeachadh airson a' Phlana Gàidhlig a chur a-steach mì-reusanta, tha ullachadh ann an earrann 4(1) de dh'Achd 2005 airson gum faod e ath-thagradh a dhèanamh agus iarraidh gun tèid an ceann-latha atharrachadh. Feumaidh an t-ùghdarras poblach an tagradh a chur chun a' Bhùird taobh a-staigh 28 latha an dèidh fios-plana foirmeil fhaighinn gum feum e plana ullachadh, agus feumaidh e na h-adhbharan airson an ath-thagraidh innse.

Ma dh'iarraas ùghdarras air a' Bhòrd an ceann-latha airson a chur a-steach ath-bhreithneachadh, feumaidh am Bòrd dearbhadh gum feumar a' chiad cheann-latha a chumail no ceann-latha nas fhaide air adhart aontachadh. Feumar seo a dhèanamh taobh a-staigh 28 latha bho fhuaire am Bòrd an

t-ath-thagradh. Ma cho-dhùineas am Bòrd gum bu chòir a' chiad cheann-latha a chumail, feumaidh am Bòrd adhbharan a thoirt don ùghdarras phoblach airson a' cho-dhùnaidh sin.

Ma tha, an dèidh ath-thagradh a dhèanamh, an t-ùghdarras poblach fhathast mì-thoilichte le co-dhùnadh a' Bhùird mun cheann-latha airson a' phlana a chur a-steach a-rithist, faodaidh an t-ùghdarras poblach ath-thagradh eile a dhèanamh gu Ministearan na h-Alba fo earrann 4(5) de dh'Achd 2005. Feumar seo a dhèanamh taobh a-staigh 28 latha bho fhuair co-dhùnadh mun ath-thagradh thùsail bhon Bhòrd. Feumaidh Ministearan na h-Alba co-dhùnadh a dhèanamh mun ath-thagradh taobh a-staigh dà mhìos bhon àm a fhuair iad e. 'S e an ceann-latha a cho-dhùineas Ministearan airson a' Phlana a chur a-steach a-rithist an co-dhùnadh deireannach.

Ath-thagraidhean an aghaidh ullachadh Plana Gàidhlig

Cuideachd, tha ullachadh ann an earrann 4(8) de dh'Achd 2005 a leigeas le ùghdarras poblach ath-thagradh a dhèanamh gu dìreach ri Ministearan na h-Alba an aghaidh gum feumar Plana Gàidhlig ullachadh. Feumaidh a leithid de dh'ath-thagradh sealltainn gun robh co-dhùnadh a' Bhùird fios-plana a thoirt don ùghdarras phoblaich mì-reusanta a rèir nan slatan-tomhais ann an earrann 3(3) de dh'Achd 2005 dom feum am Bòrd aire a thoirt ann an co-dhùnadh cò na h-ùghdarrasan poblach don toir iad fios-plana.

Feumaidh Ministearan tighinn gu co-dhùnadh mun ath-thagradh taobh a-staigh sia mìosan. Ma shoirbhicheas leis an ath-thagradh, bidh am fios-plana gun èifeachd agus chan fhaod am Bòrd fios-plana eile a thoirt don ùghdarras phoblaich nas luaithe na dà bhliadhna an dèidh a' cheann-latha air an tug iad seachad a' chiad fhios-plana. Mura soirbhich leis an ath-thagradh, feumaidh an t-ùghdarras poblach Plana Gàidhlig ullachadh a rèir riatanasan Achd 2005 agus an stiùiridh seo agus a chur chun a' Bhùird airson aonta, agus ath-bhreith a thoirt air taobh a-staigh còig bliadhna a rèir frèam Achd 2005.

Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
Inbhir Nis
IV2 7PA

Fòn: 01463 225454
Post-d: stiuireadh@bord-na-gaidhlig.org.uk

Gheibhear lethbhreacan a bharrachd bhon t-seòladh gu h-àrd. Gheibhear lethbhreac cuideachd bhon làrach-lìn aig Bòrd na Gàidhlig: www.bord-na-gaidhlig.org.uk

Airson lethbhreac ann an clò mòr cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig air
01463 225454